# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
*Press Release*

***PLEASE SCROLL DOWN FOR ENGLISH VERSION***

**Airson Sgaoileadh sa Bhad**

**02/02/2016**

**Bòrd na Gàidhlig a' Cur Meal-a-naidheachd air Pàrlamaid na h-Alba airson Bile an Fhoghlaim**

Tha Bòrd na Gàidhlig a' cur fàilte air deagh naidheachd do dh'fhoghlam na Gàidhlig, às dèidh don deasbad mu dheireadh a bhith ann am Pàrlamaid na h-Alba air Ìre a Trì de Bhile an Fhoghlaim.

Thuirt Ceannard Eadar-amail Bhòrd na Gàidhlig, Brus Robasdan: "Tha am pàirt mu dheireadh den phròiseas seo sa Phàrlamaid a' ciallachadh gu bheil a' Ghàidhlig, agus gu h-àraidh foghlam na Gàidhlig, a-nis ann an suidheachadh gu math nas làidire na bha i riamh. Tha còir laghail aig daoine air feadh Alba air foghlam tron Ghàidhlig aig ìre na bun-sgoile a nì cinnteach gun coimhead Comhairlean, gu ceart agus gu cunbhalach, air iarrtasan bho phàrantan airson foghlam na Gàidhlig agus iad ag obair taobh a-staigh frèam nàiseanta. Thèid na dòighean san tèid an reachdas seo a chur an gnìomh gu mionaideach a dhealbh le Bòrd na Gàidhlig agus ar luchd-compàirt, agus tha sinn air tòrr obrach a dhèanamh mu thràth air a bhith ag ullachadh Stiùireadh Reachdail agus thèid co-chomhairleachadh oifigeil a chumail air sin, a mhaireas 12 seachdain, aon uair 's gum faigh am Bile Aonta Rìoghail. Mu dheireadh, bu thoigh leam taing mhòr a thoirt don Mhinistear airson Cànanan na h-Alba, an Dr. Alasdair Allan, a rinn cinnteach gun deach an reachdas seo a thoirt air beulaibh na Pàrlamaid san teirm seo."

**DEIREADH**

**Airson tuilleadh fiosrachaidh mun bhrath-naidheachd seo, cuiribh fios gu Steven MacÌomhair, am Manaidsear Corporra is Conaltraidh aig Bòrd na Gàidhlig, aig steven@gaidhlig.org.uk no air 07595763071.**

**For Immediate Release**

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
*Press Release*

**02/02/2016**

**Bòrd Na Gàidhlig Congratulates The Scottish Parliament On The Education Bill**

Following the final debate in Holyrood of the Stage Three of the Education Bill, Bòrd na Gàidhlig welcomes a positive outcome for Gaelic education.

Bòrd na Gàidhlig Interim CEO, Bruce Robertson said: “This final part of the Parliamentary process has left Gaelic, and Gaelic education in particular, in a much stronger position than ever before. We have an entitlement across Scotland for Gaelic-medium primary education which will ensure that Councils will treat seriously and consistently, the aspirations of parents for Gaelic education while working within a national framework. The detail of the application of this legislation will be developed by Bòrd na Gàidhlig and its partners, and we are well down the road of preparing the Statutory Guidance which will be subject to a 12 week formal consultation once Royal Assent is granted. Finally it would be remiss of me not to thank the Minister for Scotland’s Languages, Dr. Alasdair Allan, for ensuring that this piece of legislation was brought before this term of the Scottish Parliament. "

**ENDS**

**For further information on the contents of this news release please contact Steven MacIver, Corporate and Communications Manager, Bòrd na Gàidhlig by e-mailing steven@gaidhlig.org.uk or phoning 07595763071.**